

Thug Dia rabhadh dha na draoidhean tilleadh dhachaigh gu diomhair. Bha Herod fiadhaich. Bha e airson cur às do Ìosa agus, mar sin, mharbh an rìgh aingidh a h-uile leanabh fireann ann am Betlehem.

19



Ach cha b' urrainn do Herod cron a dhèanamh air Mac Dhè! Fhuair Ìosaph rabhadh ann an aising agus theich e fhèin agus Muire le Ìosa gu sàbhailteachd anns an Eipheit.

20



Nuair a chaochail Herod, thill Ìosaph, Muire agus Ìosa bhon Eipheit.

Chaidh iad a dh'fhuireach iad ann am baile beag Nàsaret, faisg air muir Ghalile.

21

Breith Ìosa

Tha an sgeulachd seo à Facal Dhè,
Am Bioball, ri

Mata 1-2, Lùcas 1-2

Tha an leabhran seo mar ghibht bho:
"Bheir fosgladh do bhriathar solas."
Salm 119:130

22



Breith Ìosa

Sgrìobhte le Edward Hughes
Dealbhan le M. Maillot
Alastair Paterson

Air eadar-theangachadh le
Eleanor Wood agus Joan NicDhòmhnaill
Eadar-theangaichte le E. Frischbutter; Sarah S.

Sgeulachd 36 a-mach a 60

M1914.org

Bible for Children, PO Box 3, Winnipeg MB R3C 2G1 Canada

Cead: Tha cead agaibh an sgeulachd seo a chlà-bhualadh,
agus leth-bhreacan a dhèanamh, fhad nach eil sibh gan reic.

23

Gàidhlig


Gaelic

Tha fios aig Dia gu bheil sinn air rudan dona a dhèanamh, rudan ris an can Esan peacadh. Is e bàs am peanas airson peacadh.

Tha gaol Dhè oirnn cho mòr gun do chuir e an t-aon Mhac a bh' aige, Ìosa, a bhàsachadh air Crois, a phàigheadh airson nam peacaidhean againn. Thàinig Ìosa beò a-rithist agus chaidh E air ais a Nèamh! A-nis, nì Dia maitheadh dhuinn airson ar peacaidhean.


Ma tha thu airson tionndadh air falbh bho na peacaidhean agad, can seo ri Dia: A Dhè, tha mi a' creidsinn gun do bhàsaich Ìosa air mo sgàth agus gu bheil E beò a-rithist. Thig nam bheatha agus dèan mathadh air mo pheacaidhean gus am faigh mi beatha ùr an-dràsta, agus gun tèid mi, aon latha, a dh'fhuireach còmhla Riutsa gu sìorraidh. Cuidich mi a bhith Gad leantainn mar Do leanabh. Amen. Eòin 3:16

Leugh am Bioball agus bruidhinn ri Dia a h-uile latha!



O chionn fhada an t-saoghail, chuir Dia an t-aingeal Gabriel do nighean òg Iùdhach, air an robh Muire.

1



Dh'innis e dhi, "Bidh mac agad agus bheir thu Ìosa mar ainm air. 'S esan am Mac As Àirde. Bidh e a' riaghladh gu sìorraidh bràth."

2

"Ach ciamar?" dh'fhaighnich an nighean le iongnadh. "Cha robh mi còmhla ri fear a-riamh." Thuir an t-aingeal ri Muire gun tigeadh an leanabh bho Dhia. Cha bhiodh athair talmhaidh aige.




3

Thuir an t-aingeal an uair sin gun robh an co-ogha aig Muire, Ealasaid, trom, ged a bha i aosta. B' e mìorbhail a bh' ann an seo cuideachd. Às dèidh seo, rinn Muire cèilidh air Ealasaid. Rinn iad moladh do Dhia le chèile.




4

Bha gealladh-pòsaidh eadar Muire agus duine air an robh Iòsaph. Bha Iòsaph brònach nuair a chuala e gun robh Muire an dùil ri leanabh. Smaoinich e gur e duine eile an t-athair.




5

Ann an aisling, dh'innis an t-aingeal do Iòsaph gur e Mac Dhè a bh' anns an leanabh. Bha aig Iòsaph ri Muire a chuideachadh a' coimhead às dèidh Iosa.



6

Bha earbsa aig Iòsaph ann an Dia agus ghèill e Ris. Ghèill e cuideachd ri laghannan na dùthcha aige. Air sgàth lagh ùr, dh'fhalbh e fhèin agus Muire do bhaile an teaghaich aige, Betlehem,




7

Bha àm breith an leanabh a' tighinn faisg. Ach cha b' urrainn do Iòsaph seòmar a lorg ann an àite sam bith. Bha na taighean-òsta uile làn.



8

Lorg Iòsaph stàball mu dheireadh thall. Ann an sin, rugadh an Leanabh Iosa. Chuir A mhàthair E ann am prasaich, far a b' àbhaist biadh nam beathaichean a bhith.




9

Faisg air seo, bha buachaillan a' cumail sùil air na treudan chaorach aca. Nochd aingeal Dhè agus dh'innis e dhaibh an naidheachd mhìorbhaileach.




10

"Rugadh dhuibh an-diugh, ann am baile Dhaibhidh, Slànaighear agus is esan Crìosd an Tighearna. Lorgaidh sibh an Leanabh a' laighe ann am prasaich."



11

Agus gu luath nochd tòrr aingean soilleir eile, a' moladh Dhè agus ag ràdh, "Glòir do Dhia anns na h-àrdan, agus air talamh sìth, agus deagh ghean do dhaoine."



12

Dh'fhalbh na buachaillan nan cabhaig chun an stàball. Às dèidh dhaibh an Leanabh fhaicinn, dh'innis iad dhan a h-uile duine ris an do choinnich iad na thuir na h-aingealan mu Iosa.



13

Ceathrad latha às dèidh seo, thug Iòsaph agus Muire Iosa dhan teampall ann an Ierusalem. Ann an sin, rinn duine air an robh Simeon moladh do Dhia airson an Leanabh agus thug seann Anna, searbhanta eile den Thighearna, taing.




14

Bha fhios aig an dithis gur e Mac Dhè a bh' ann an Iosa, an Slànaighear. Rinn Iòsaph iobairt de dhà eun. B' e siud an iobairt a rèir lagh Dhè airson daoine bochda nuair a thigeadh iad le leanabh ùr dhan Tighearna.




15

Beagan às dèidh seo, stiùir rionnag shònraichte draoidhean bhon àird an ear gu Ierusalem. "Càite a bheil esan a rugadh na Rìgh nan Iùdhach?" dh'fhaighnich iad. "Tha sinn air tighinn a dhèanamh adhradh dha."




16

Chuala Rìgh Herod mu na draoidhean. Bha dragh air agus dh'iarr e orra innse dha nuair a lorgadh iad Iosa. "Tha mise airson adhradh a dhèanamh dha cuideachd," arsa Herod. Ach bha e ag innse breug. Bha Herod airson cur às do Iosa.



17

Stiùir an rionnag na draoidhean dhan dearbh thaigh far an robh Muire agus Iòsaph a' fuireach leis an Leanabh òg. Air an glùinean, rinn an luchd-siubhail adhradh dha agus thug iad dha tiodhlacan daora de dh'òr agus cùbhrais.



18